

Eric Liddell: Dìleab Curaidh nan Geamannan Oilimpeach

Facal-toisich

Bha Eric Liddell (1902-1945) na Albannach a bha na dhian-ruithear, na chluicheadair rugbaidh agus na mhiseanaraidh Chrìostail. Rugadh e ann an Tianjin, ann an ceann a tuath Shìona, ach bha dlùth-cheangal aige ri Alba agus Dùn Èideann. Bha e na oileanach aig Oilthigh Dhùn Èideann. Riochdaich e Alba ann an rugbaidh agus air an traca. Dh'fhuirich agus theagaisg Eric ann an Dùn Èideann cuideachd.

Aig na Geamannan Oilimpeach ann am Paris ann an 1924, dhiùlt e a ruith sna ro-fharpaisean airson na rèise 100 meatair. B' e seo an rèis a b' fheàrr leis. Dhiùlt e a chionn 's gun robh iad a' tachairt air Didòmhnaich, agus bha e den bheachd gun rachadh sin an aghaidh a' chreideimh aige. An àite sin, ghabh e pàirt san rèis 400 meatair, a bha a' tachairt air latha-seachdain, agus bhuannaich e an rèis.

Thill e gu Sìona ann an 1925 mar mhiseanaraidh-thidsear. A-mach o thilleadh a dh'Alba dà thrup, dh'fhuirich e ann an Sìona gus a bhàs. Bhàsaich e ann an 1945 ann an campa-inntearnachaidh sìobhaltach a bha na lapanach air stèidheachadh.

Chaidh a' bheatha spòrs agus a' bheatha creideimh aige a thaisbeanadh sa film bho 1981, "Chariots of Fire", a bhuannaich Oscar.

Tha stòiridh Eric Liddell agus a' bheatha is obair ion-chomharraichte aige a' cumail orra a' brosnachadh dhaoine an-diugh fhathast. Bha na soirbheasan spòrs aige mòr. Nochd e co-fhaireachdainn, gaisgeachd agus taic ri daoine òga. Bha seo rè àm cogaidh agus nuair a bha tinneas air fhèin.

Ceud bliadhna an dèidh na buaidhe suaicheanta aige sna Geamannan Oilimpeach ann am Paris, tha an taisbeanadh seo a' toirt sùil air na tha dìleab Eric Liddell a' ciallachadh an-diugh. Le bhith a' cur fòcas air euchdan Eric, agus euchdan rionnagan spòrsail eile na h-Alba, tha e ag amas air an t-ath ghinealach a bhrosnachadh agus a mhisneachadh.

Euchdan Spòrs

Bha Eric Liddell na lùth-chleasaiche, na churaidh Oilimpeach agus na chluicheadair rugbaidh, a bha cho luath 's gun robhar ag ràdh 'The Flying Scotsman' ris.

Chosnaich Eric cliù eadar-nàiseanta ann an 1924 – a' ruith agus a' buannachd rèis nach robh e air inntrigeadh an toiseach. Ach thòisich an soirbheas spòrs aige fada na bu tràithe na seo. Nuair a bhuannaich e aig na Geamannan Oilimpeach, bha e mu thràth air seachd "ceapan" a chosnadh a' cluich rugbaidh airson Alba, agus cha robh e ach 22 bliadhna a dh'aois.

Chaidh ainm Eric a chur ri Talla Cliù Spòrs na h-Alba ann an 2002. Bhuannaich e bhòt a' mhòr-shluaigh mar churaidh spòrs na h-Alba air an robh am meas as motha. Chuidich Eric daoine eile, a' nochdadh co-fhaireachdainn dhaibh, fiù 's ann an spòrs co-fharpaiseach agus ann an àrainneachdan dùbhlanach.


Euchdan Spòrs Tràtha

Ann an 1912, thòisich Eric agus a bhràthair Rob mar sgoilearan aig Colaiste Eltham, Lunnainn. Dh'fhàs e measail air spòrs, gu h-àraid rugbaidh agus lùth-chleasachd. Mar neach-spòrs nàdarra, bha Eric air leth mar lùth-chleasaiche. Stèidhich e clàr-sgoile airson na rèise 100 slat. Bha e anabarrach luath, aig 10.2 diogan. Ro dheireadh 1918, bha Colaiste Eltham air Eric ainmeachadh mar an lùth-chleasaiche as fheàrr thar chàich san sgoil.

Rugbaidh

Ann an 1920, ghluais Eric air ais a dh'Alba gu bhith na oileanach aig Oilthigh Dhùn Èideann. Chaidh a bheatha spòrs bho neart gu neart, an dà chuid ann an lùth-chleasachd agus ann an rugbaidh. Chluich e rugbaidh an dà chuid airson Oilthigh Dhùn Èideann agus airson Alba. Ann an 1922, chosnaich e a' chiad "cheap" aige a' cluiche rugbaidh airson Alba.

Aig toiseach seusan an rugbaidh 1921, ghabh Eric Liddell ann an Comann Rugbaidh Oilthigh Dhùn Èideann. Ann an grunn sheachdainean, bha e a' cluiche airson a' chiad aon-deug. Cha b' ann fada gus an deach a thaghadh airson cluiche ann an dà dheuchainn eadar-nàiseanta, aon ann an Dùn Èideann agus aon ann an Galashiels. Dh'aithris an Scotsman airson 5 Dùbhlachd 1921 air an tachartas ann an Galashiels.



“Is fhada a bhios iadsan a bha an làthair a’ cuimhneachadh air a’ gheama air sàilleibh a’ cho-mheasgachaidh mhìorbhailich a rinneadh le A L Gracie agus E H Liddell. Bha an dithis ag ath-ùrachadh com-pàirteachas sgoile agus chluich iad dha chèile mar nach robh ùine sam bith air a dhol seachad san eadraiginn. Thadhail an t-oileanach Dhùn Èideann còig tràidhean rè an fheasgair.”

The Scotsman

Fhuair Eric a' chiad "cheap" eadar-nàiseanta aige airson Alba ann am Paris an aghaidh na Frainge. Chaidh am maids a chluiche san *Stade de Colombes*, an t-aon ionad far am biodh e a' cosnadh a bhuidhe Oilimpich dà bhliadhna an dèidh làimhe. B' e an sgòr 3-3, air a chluiche fa chomhair slugh de 37,000 duine.

An dèidh seo, riochdaich e Alba sia tursan agus fhuair e seachd “ceapan” air fad. San Dàmhair 1923, leig Eric dheth a dhreuchd ann an rugbaidh eadar-nàiseanta gus fòcas a chur air lùth-chleasachd.

Lùth-chleasachd

Ann an 1923, bhuannaich Liddell co-fharpais a’ Chomainn Lùth-chleasaich Neo-dhreuchdail (*Amateur Athletic Association*). Stèidhich e clàr curaidh Breatannach airson na rèise 100 slat, aig 9.7 diogan. Cha bhiodh an clàr air a mhac-samhlachadh airson 23 bliadhna a bharrachd. Chaidh ainmeachadh mar ‘The Flying Scotsman’.

San t-samhradh 1924, ghabh Eric san sgioba Oilimpeach Bhreatannach gus pàirt a ghabhail sna Geamannan Oilimpeach ann am Paris. Bhathar an dùil gum buannaicheadh e an rèis 100 meatair, an rèis san robh e as treasa.

Ach tharraing e às an rèis a chionn ’s gum biodh na ro-fharpaisean a’ tachairt air an t-Sàbaid. Ged a bha na Geamannan Oilimpeach cudromach dha, bha an creideamh aige fiù ’s nas cudromaiche. Cha bhiodh e a’ còrdadh ris a’ chreideimh aige nan ruitheadh e san rèis seo, agus mar sin dhiùlt e pàirt a ghabhail innte. An dèidh dha seo a dhèanamh, fhuair e brath bho aon den luchd-trèanaidh: “Dhàsan a bheir urram dhòmhsa, bheir mise urram”.

An àite ruith san rèis 100 meatair, ghabh Eric pàirt sna tachartasan 400 agus 200 meatair aig na Geamannan sin. Choisinn e bonn-òir airson 400 meatair nam fear ann an ùine 47.6 diogan, a’ stèidheachadh clàr curaidh an t-saoghail. Ghabh e pàirt cuideachd san rèis 200 meatair agus bhuannaich e bonn-umha, a’ crìochnachadh ann an 21.9 diogan.

B’ e Liddell an dàrna lùth-chleasaiche Albannach a choisinn tiotal Oilimpeach. B’ e a’ chiad Wyndham Halswelle, ann an 1908.

Nuair a mhìnich Eric am plana aige airson na rèise, thuirt e, *“’S e rùn-dìomhair an t-soirbheis agam anns a’ 400 meatair gun ruith mi a’ chiad 200 meatair cho luath ’s as urrainn dhomh. An uair sin, airson an dàrna 200 meatair, le còmhnaidh Dhè, ruithidh mi nas luaithe.”*

B’ e euchd spòrs mìorbhaileach a bha seo. Bha Eric Liddell a’ riochd-shamhlachadh feartan flora nan Geamannan Oilimpeach.

“Olympism is a philosophy of life, exalting and combining in a balanced whole the qualities of body, will and mind. Blending sport with culture and education, Olympism seeks to create a way of life based on the joy of effort, the educational value of good example, social responsibility and respect for universal fundamental ethical principles.

The goal of Olympism is to place sport at the service of the harmonious development of humankind, with a view to promoting a peaceful society concerned with the preservation of human dignity.”

- International Olympic Committee

“Tha Oilimpeachachd mar fheallsanachd beatha, ag àrdachadh agus a’ co-mheasgachadh, ann an iomlan co-chothromaichte, feartan na bodhaige, na toile agus na h-inntinne. A’

coimeasgadh spòrs le cultar agus foghlam, bidh Oilimpeachachd a' feuchainn ri dòigh-beatha a chruthachadh a tha stèidhichte air aoibhneas na h-oidhirpe, luach foghlamach na deagh eisimpleir, uallach sòisealta agus spèis do phrionnsapalan beusail uile-choitcheann.

'S e amas Oilimpeachachd spòrs a chur aig seirbheis leasachadh co-chòrdach a' chinne-daonna, leis an amas gum brosnachar co-chomann sòisealta a tha sìochail agus airson mòralachd a' chinne-daonna a ghlèidheadh."

An dèidh a bhuidhe, thill Eric a dh'Oilthigh Dhùn Èideann far an do chuireadh fàilte mhòr air. Sna Geamannan Oilimpeach 1924, cha robh deas-ghnàth ann airson toirt seachad nam bonn agus, mar sin, thoill e an comharrachadh seo. Cha robh pòideaman ann no laoidhean nàiseanta nas motha. An àite sin, chaidh am bonn-òir agus am bonn-umha a chur gu Eric tron phost.

Beatha an dèidh Spòrs

Bha creideamh domhain aig Eric agus bu mhiann leis daoine eile a chuideachadh agus fhuair seo làmh-an-uachdair air a chùrsa-beatha ann an spòrs. Aig binnean a chùrsa-beatha ann an lùth-chleasachd, aig aois 23 chuir Eric Liddell roimhe gunm biodh e a' tilleadh a Shìona.

B' e Tianjin àite a bhreithe, agus bha e measail air a' bhaile. Ann an 1925, ghabh Eric ri dreuchd mar thidsear ceimigeachd aig a' Cholaiste Chrìostail Anglo-Shìonach ann an Tianjin. Bha a' cholaiste ga ruith le Comann Miseanaraidhean Lunnainn. Fhuair a' cholaiste cliù airson na h-inbhe acadaimigich aice a bharrachd air eòlas corporra agus gnìomhachdan spòrs. Bha Liddell cuideachd èasgaidh ann a bhith a' toirt cùram is co-fhaireachdainn don choimhearsnachd ann an Tianjin. Stiùirich Liddell na h-oileanaich aige gus lann lùth-chleas a thogail ann am factaraidh-fiodha neo-chleachdte, gu tuath air an sgoil, a bha fosgailte don phoball. Dh'obair e cuideachd air ath-ùrachadh an stèideim Minyuan ann an 1926. Chleachd Liddell dealbhachadh an stèideim Stamford Bridge ann an Lunnainn mar thùs airson iomadh moladh feumail, a' gabhail a-steach structar an traca, uidheam soillseachaidh agus stanndaichean mòra.

Bhuannaich Eric am bonn-òir mu dheireadh aige nuair a ghabh e pàirt sna Geamannan Eadar-nàiseanta 1929 ann an Tianjin. Bha e 27 bliadhna a dh'aois. B' e seo an turas mu dheireadh a ghabh e pàirt ann an co-fharpais spòrs eadar-nàiseanta. Bhuannaich Eric bonn-òir (a-rithist) san rèis 400 meatair.

Phòs Liddell ann an 1934. Bha a' bhean aige na miseanaraidh, agus na neach-cuideachaidh teagaisg, à Canada. Bha dithis nighean aca agus rinn iad dachaigh dhaibh fhèin ann an Tianjin.

Ann an 1937, bha Iapan air an ionnsaigh aca ann an Sìona a leudachadh gu ruige ceann a tuath Shìona. Beagan bhliadhnaichean an dèidh sin, san Dùbhlachd 1941, chaidh aig Liddell a bhean agus a dhithis nighean a chur gu Canada. Aig an àm sin, bha a bhean leatrom. Rug i nighean, an treas nighean aig Eric.

Bha cothrom aig Eric a dhol a Chanada còmhla ris an teaghlach aige, ach dhiùlt e Sìona fhàgail. Aon uair a-rithist, nochd e ionracas agus chum e ris na luachan aige. Bha e airson fuireach leis na h-oileanaich aige agus taic a thoirt don choimhearsnachd. Dh'fhàg Eric beannachd aig a bhean is an dithis nighean airson an turais mu dheireadh. Cha robh cothrom eile aige riamh a threas nighean fhaicinn.

Aig àirde a' chogaidh, bha na h-Iapanach air grunn champaichean-prìosan a stèidheachadh. Chuir iad ann am prìosan daoine à dùthchannan a bha iad a' meas mar dhùthchannan nàmhaid. B' e campa Xiaochang (萧张集中营) aon dhiubh sin. Thathar a-nis ag ràdh campa Weihsien ris. Chaidh Liddell a chur don champa ann an 1943 agus mhair e ann gus a bhàs sa Ghearran 1945. Bha an campa a' cumail còrr is 1,500 duine bho 20 dùthaich; bha mòran dhiubh nam miseanaraidhean a bha ag obair ann an Sìona. Nam measg bha 500 cloinne.

Bha beatha sa champa cruaidh agus dòmhlaichte, agus bu tric a bhathar ag ainmeachadh Eric mar an 'rionnag as soilleire' ann. Bha daoine daonnan a' bruidhinn mu dheidhinn mar an Curaidh Oilimpeach agus 'Uncle Eric'. Chuir e air dòigh gnìomhachdan is maidsichean spòrs gus misneachd dhaoine, sean is òg, a thogail. Dh'innis Eric do a cho-phrìosanaich gum biodh na làithean dubhach brònach seachad a dh'aithghearr. Thigeadh solas an latha a-màireach. Bha gràdh mòr aig daoine air, gu h-àraid am measg dhaoine òga.

Stiùir Eric mòran dhaoine òga nan leasachadh acadaimigeach. B' e aon de na h-oileanaich caileag 16 bliadhna a dh'aois. Nuair a dh'fhaighnich Liddell dhith dè bu mhath leatha a dhèanamh san àm ri teachd, dh'innis i gun robh i airson a dhol gu Oilthigh Oxford gus ceimigeachd ionnsachadh. Dh'innis Eric dhi gum bu mhath leis a cuideachadh gus a bruidhinn a choileanadh. Stèidhich agus stiùir e buidheann-sgrùdaidh ceimigeachd san robh mu dheichnear oileanach. A bharrachd air leasain a thoirt dhaibh, chruthaich e teacs-leabhar stèidhte air na chuimhnich e fhèin bho làithean an oilthigh aige.

"We called him Uncle Eric and it would be fair to say he was the most admired prisoner in the camp. He wasn't a big deal type and he never sought the spotlight. [. . .] We children became his priority. When we had a hockey stick that needed mending, it was Uncle Eric who would truss it up with strips made from his bed sheets and with stinking glue melted down from horses' hooves. It was him who made sure that we did not give up hope.

He taught us from the Bible, too. He told us to love our enemies. To Uncle Eric, that meant praying for the Japanese who were our captors."

- Fellow internee [Mary Previte](#)

“Bha sinn ag ràdh Uncle Eric ris, agus bhiodh e cothromach a ràdh gum b' esan am prìosanach sa champa air an robh am meas as motha. Cha b' e fear a bh' ann aig an robh dùil ri dad mòr sam bith agus cha robh e riamh a' sireadh a bhith fo aire a' mhòr-shluaigh. [...] Dh'fhàs sinne, a' chlann, a bhith mar phrìomhachas dha. Nuair a bha caman-hocaidh againn a bha feumach air càradh, b' e Uncle Eric a cheanglaicheadh e suas le striopan às na siotaichean-leapa aige agus le glaodh grod air a leaghadh à ladhran eich. B' esan a rinn cinnteach nach tug sinn thairis dùil.

Theagaisg e sinn às a' Bhìoball cuideachd. Dh'innis e dhuinn gràdh a thoirt do ar nàimhdean. A rèir Uncle Eric, bha sin a' ciallachadh gum feum sinn ùrnaigh a dhèanamh airson nan Iapanach a thug am braighdeanas sinn.”

Mary Previte, co-phrìosanach Weihsien

“About three weeks before Eric began to succumb to the brain tumour he came up to me with his pair of dilapidated running shoes. They were all patched and sewn up with string. In a shy and almost offhand manner, he said. “Steve, I see your shoes are worn out and it is now midwinter. Perhaps you will be able to get a few weeks of wear out of these.” Then with a knowing nod, he pressed them into my hand. It wasn’t until much later that I realized that those shoes had meant something to him and that he had gone to a lot of work to patch them up for me. ”

- Stephen Metccalf, fellow Weihsien internee

“Mu thrì seachdainean mus do thòisich Eric air strìochdadh don tùmor eanchainn, thàinig e thugam le paidhir de sheann bhrògan robach. Bha iad air am paidseadh suas agus air am fuaigheal ri chèile le sreang. Mar gun robh e diùid agus cha mhòr coma co-dhiù, thuirt e: ‘Steve, chì mi gu bheil do bhrògan caithte agus tha sinn a-nis am meadhan a’ gheamhraidh. Ma dh’fhaodte gun tèid agadsa an fheadhainn seo a chur gu feum airson grunn sheachdainean.’ An uair sin, le gnogadh cinn a bha làn tuigse, bhruth e iad nam làimh. Cha b’ ann gus fada an dèidh làimhe gun do thuig mi gun robh ciall shònraichte aig na brògan sin dha agus gun robh e air mòran obrach a dhèanamh gus an càradh.”

Stephen Metccalf, co-phrìosanach Weihsien

Chan urrainn dhuinn ach saòilsinn gun robh Eric air a bhith a’ glèidheadh nam brògan-ruith eachdraidheil mar chuimhneachan air na buaidhean a bha air a bhith aige. Ann an cor duilich a’ champa-inntearnachaidh, bha an luach practaigeach aca do Stephen nas cudromaiche do Eric na an luach faireachail aca dha fhèin.

“

He gave me two things.
One was his worn-out running shoes, but the best thing he gave me was his baton of forgiveness. He taught me to love my enemies, the Japanese, and to pray for them.

- Stephen Metccalf,
fellow Weihsien internee

”

“Thug e dà nì dhomh. Aon, b’ e na brògan-ruith caithte a bh’ aige, ach b’ e an rud a b’ fheàrr a thug e dhomh batan a’ mhaitheanais a bha aige. Theagaisg e dhomh gràdh a thoirt do mo nàimhdean, na Iapanach, agus ùrnaigh a dhèanamh air an son.”

Stephen Metccalf, co-phrìosanach Weihsien

An dèidh a bhàis

Chaidh Eric Liddell a thìodhlacadh ann am bogsa fiodha aig cladh iomallach taobh a-muigh a’ champa. Cha tugadh cead ach do dh’ochdnar dhaoine, triùir chloinne nam measg, a dhol còmhla ri a chiste-laighe don chladh.

Sna 1990an, lorg Charles Walker, innleadair Albannach a bha ag obair ann an Hong Kong, làrach-tìodhlacaidh Eric. Thog e uaigh ùr dha le taic nan Sìneach. Tha an uaigh aig a’ champa-inntearnachaidh a bh’ ann (ris an canar an-diugh Sgoil Meadhain Àir. 2, Wei Fang (潍坊). Ann an 1991, thog Oilthigh Dhùn Èideann clach-uaighe cuimhneachain. Air a dèanamh à clach-gràin Albannach à Eilean Mhuile, chaidh a shnaigheadh ann an Tobar Mhoire.

Aithneachadh

Leasachadh an taisbeanaidh –Eric Liddell Community, mar phàirt de **Eric Liddell 100**

Dealbhachadh is togail an taisbeanaidh – Nomad Exhibitions

Le taing do Bhuidheann Chorpóra Pàrlamaid na h-Alba airson na taice a fhuair, agus do Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba agus Oilthigh Dhùn Èideann airson iasadan don taisbeanadh.

’S e prògram thachartasan agus ghnìomhachdan a tha ann an Eric Liddell 100. Thathar ag amas air dìleab Eric Liddell a chomharrachadh airson nan ginealaichean ri teachd. Thathar ga phlanadh timcheall air 2024, ceud bliadhna bho bhuidh eachdraidheil Eric aig na Geamannan Oilimpeach ann am Paris. Tha Eric Liddell 100 air a stiùireadh leis an Eric Liddell Community, carthannas stèidhte ann an Dùn Èideann a tha a’ toirt cùram speisealta airson seargadh-inntinn.

100 bliadhna de Churaidhean Spòrs Albannach

Bha ainm Eric Liddell am measg nan ciad ainmean a bhith air an cur ri Talla Cliù Spòrs na h-Alba nuair a thòisich sin ann an 2002.

Tha Talla a' Chliùtha a' comharrachadh agus a' moladh fireannaich agus boireannaich suaicheanta spòrs na h-Alba. Thathar an dùil gum broснаich seo ginealaichean ri teachd.

Tha 101 ainm a-nis air a bhith air an cur ris an talla, bho bharrachd is 25 spòrsachan. Thathar a' cur barrachd ainmean ris gach bliadhna aig Duaisean Spòrs na h-Alba. Tha an loidhne-tìme gu h-ìosal a' nochdadh a h-uile ainm ann an Talla Cliù Spòrs na h-Alba a bha beò eadar 1924 agus 2024.

Lùth-chleasachd agus Geamaichean Gàidhealach

- Bill Anderson (1937-2019)
- Eric Liddell (1902–1945)
- Liz McColgan (a rugadh 1964)
- George McNeill (a rugadh 1947)
- Yvonne Murray (a rugadh 1964)
- Arthur James Robertson (1879–1957)
- Ian Stewart (a rugadh 1949)
- Lachie Stewart (a rugadh 1943)
- Allan Wells (a rugadh 1952)

Ball-beussa

- Bobby Thomson (1923–2010)

Bòbhladh

- Richard Corsie (a rugadh 1966)
- Willie Wood (a rugadh 1938)

Bogsadh

- Ken Buchanan (1945–2023)
- Benny Lynch (1913–1946)
- Walter McGowan (1942–2016)
- Richard (Dick) McTaggart (a rugadh 1935)
- Jackie Paterson (1920–1966)
- Jim Watt (a rugadh 1948)

Criogaid

- Mike Denness (1940–2013)

Cùrladh

- Rhona Martin (a rugadh 1966)

Rothaireachd

- Sir Chris Hoy (a rugadh 1976)
- Philippa York (a rugadh Robert Millar 1958)
- Graeme Obree (a rugadh 1965)

Daibheadh

Sir Peter Heatly (1924–2015)

Marcachd

- Ian Stark (a rugadh 1954)

Ball-coise

- Jim Baxter (1939–2001)
- Billy Bremner (1942–1997)
- Sir Matt Busby (1909–1994)
- Sir Kenny Dalglish (a rugadh 1951)
- Archie Gemmill (a rugadh 1947)
- John Greig (a rugadh 1942)
- Jimmy Johnstone (1944–2006)
- Denis Law (a rugadh 1940)
- Ally McCoist (a rugadh 1962)
- Jimmy McGrory (1904–1982)
- Billy McNeill (1940–2019)
- Rose Reilly (a rugadh 1955)
- Bill Shankly (1913–1981)
- Gordon Smith (1924–2004)
- Jock Stein (1922–1985)
- Julie Fleeting (a rugadh 1980)

Golf

- Tommy Armour (1895–1968)
- James Braid (1870–1950)
- Sandy Lyle (a rugadh 1958)
- Belle Robertson (a rugadh 1936)
- Jessie Valentine (1915–2006)

Rèiseadh each

- Willie Carson (a rugadh 1942)

Judo

- George Kerr (a rugadh 1937)
- Graeme Randall (a rugadh 1975)

Spòrs-motair

- Louise Aitken-Walker (a rugadh 1960)
- Jim Clark (1936–1968)
- Dario Franchitti (a rugadh 1973)
- Jimmie Guthrie (1897–1937)
- Steve Hislop (1962–2003)
- Bob McIntyre (1928–1962)
- Colin McRae (1968–2007)
- Sir Jackie Stewart (a rugadh 1939)

Sreapadaireachd agus cnocaireachd

- Dougal Haston (1940–1977)
- Hamish MacInnes (1930–2020)

Iomramh

- William Kinnear (1880–1974)

Rugbaidh aonaichte

- Finlay Calder (a rugadh 1957)
- Douglas Elliot (1923–2005)
- Gavin Hastings (a rugadh 1962)
- Andy Irvine (a rugadh 1951)
- George MacPherson (1903–1981)
- Sir Ian McGeechan (a rugadh 1946)
- Mark Morrison (1878–1945)
- Ken Scotland (1936–2023)
- David Sole (a rugadh 1962)
- Robert Wilson Shaw (1913–1979)

Seòladh

- Sir Chay Blyth (a rugadh 1940)
- Shirley Robertson (a rugadh 1968)

Camanachd

- Ronald Ross (a rugadh 1975)

Urchaireachd

- Alister Allan (a rugadh 1944)
- Shirley McIntosh (a rugadh 1965)

Snàmh

- Ian Black (a rugadh 1941)
- Kenny Cairns (a rugadh 1957)
- Catherine Gibson (1931–2013)
- Elenor Gordon (1933–2014)
- Ellen King (1909–1994)
- Margaret McEleny (a rugadh 1965)
- Bob McGregor (a rugadh 1944)
- Belle Moore (1894–1975)
- Nancy Riach (1927–1947)
- Jack Wardrop (a rugadh 1932)
- David Wilkie (a rugadh 1954)

Teanas bùird

- Helen (Elliot) Hamilton (1927–2013)

Teanas

- Winnie Shaw (1947–1992)

Polo-uisge

- George Cornet (1877–1952)

Togail chuideaman

- John McNiven (a rugadh 1935)

Iomadach spòrs

- Leslie Balfour-Melville (1854–1937), cricket, rugby union, tennis and golf
- Launceston Elliot (1874–1930), weightlifting and wrestling
- Isabel Newstead (née Barr) (1955–2007), 18 Paralympic medals in swimming, athletics and shooting
- Kenneth Grant MacLeod (1888–1967), rugby union, cricket, football, athletics, and golf

Geamannan Oilimpeach agus Parailimpeach 2024

Tha 100 bliadhna air a dhol seachad bho dhèanadasan eachdraidheil Eric ann am Paris. Anis, bidh grunn lùth-chleasaichean Albannach a' feuchainn ri atharrais a dhèanamh air an t-soirbheas a bh' aige. Bidh iad a' gabhail pàirt le Sgioba GB aig na Geamannan Oilimpeach agus Parailimpeach 2024 ann am Paris.

Josh Kerr (Lùth-chleasachd)

Bidh Josh Kerr, Curaidh an t-Saoghail làithreach airson 1,500 meatair, an dòchas gun cuir e piseach air a' bhonn-umha a fhuair e ann an Tokyo ann an 2021. Bidh farpais chruaidh na aghaidh. Tha na còmhstrithich aige a' gabhail a-steach na h-Albannaich Jake Wightman agus Neil Gourley. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach an curaidh Oilimpeach làithreach Jakob Ingebrigtsen.

Beth Potter (Triathlon)

Cha do thòisich Beth Potter air an triathlon gus 2017, an dèidh dhi pàirt a ghabhail ann an lùth-chleasachd ann an Rio 2016. Fhuair i an t-ìosal Curaidh an t-Saoghail an-uiridh, agus bidh sùil aice a bhith a' crìochnachadh air a' phòideam ann am Paris.

Duncan Scott (Snàmh)

Tha Duncan mar inneal bhonn. Is esan an lùth-chleasaiche Breatannach leis an uimhir as motha de bhuinn ann an aon spòrs a fhuair e aig aon Gheamannan Oilimpeach. Fhuair e ceithir buinn ann an Tokyo. Bliadhna an dèidh sin, b' esan an lùth-chleasaiche Albannach leis an uimhir as motha de bhuinn aig aon Gheamaichean Co-fhlaitheis, agus bidh e airson cur ris na buinn a fhuair e.

Katie Archibald (Rothaireachd)

Tha smachd air a bhith aig Katie air an traca airson còrr is deichead. Bidh i ag amas air treas bonn-òir Oilimpeach. Bhuannaich i san tòrachd sgioba (*team pursuit*) ann an 2016 agus sa Madison ann an 2021.

Stephen Clegg (Snàmh)

Dh'fhairtlich Stephen air bonn-òir fhaighinn ann an Tokyo le dìreach 0.06 diogan, briseadh-dùil a bha doirbh ri ghiùlan. Tha e an dòchas air piseach am-bliadhna. Bidh a bhuidhean co-leanailteach aig Co-fharpaisean an t-Saoghail a' toirt dòchas dha.

Gordon Reid (Teanas)

Chan ann ach aig grunn lùth-chleasaichean a tha clàr soirbheis mar a tha aig Gordon. Choisinn e bonn-òir aig Rio 2016. Tha còrr is 20 buaidh 'grand slam' air a bhith aige còmhla ri Alfie Hewitt, am pàirtear aige ann an cluichean dùbailte. Bhuannaich e grunn duaisean eile cuideachd. Bidh Gordon is Alfie ag amas air piseach a chur air na buinn-airgid dùbailte aca bho 2016 agus 2020 gus buinn-òir a chosnadh.

Samantha Kinghorn (Lùth-chleasachd)

Tha bonn-òir Parailimpeach mar ghràl naomh airson Sammi, agus i air bonn-airgid is bonnumha a chosnadh aig na Geamannan mu dheireadh ann an Tokyo. Fhuair i gu bàrr a' phòideim aig Co-fharpaisean an t-Saoghail ann am Paris ann an 2023. Bhuannaich i cuideachd trì buinn-airgid eile. Tha seo a' sealltainn gum bi e doirbh a' chùis a dhèanamh oirre.

Neil Fachie (Rothaireachd)

Tha Neil air dà bhonn-òir Parailimpeach agus còig buaidhean sna Geamaichean a' Chofhlaitheis a chosnadh. Tha e cuideachd air iomadh tiotal a chosnadh aig Co-fharpaisean an t-Saoghail. Chan eil mòran ann air fhàgail a dh'fhaodadh e cosnadh. Ach bidh e air ais air an traca ann am Paris ag amas air crìoch eile air a' phòideam.